


Ar Gàidhealtachd Ri Teachd



2022-2027

Prògram Rianachd

Clàr-innse

Facal-
tòiseachaidh

3

Ar Gàidhealtachd
An-diugh

4

Ar Gàidhealtachd
Ri Teachd

5

Ar Prìomhachasan
Gàidhealach

6

Gàidhealtachd
Chothromach is
Chùramach

7

Coimhearsnachdan
Làidir is Seasmhach

10

Dachaighean
Gàidhealach
So-ruigsinn is
Seasmhach

13

Àrainneachd
Ghàidhealach
Sheasmhach agus Àite
Cruinneil airson Lùth
Ath-nuadhachail

16

Comhairle Làidir
is Sheasmhach

19

Facal-tòiseachaidh

'S e "Ar Gàidhealtachd Ri Teachd" Prògram na Comhairle seo a tha a' mìneachadh na lèirsinn is nam prìomhachasan ro-innleachdail againn airson nan còig bliadhna a tha air thoiseach.

Tha leasachadh a' Phrògram againn air a dhèanamh mu choinneimh cùl-raon dhen staing ionmhasail as motha a tha air a bhith againn ann an deicheadan. Ged a tha seo a' cuingealachadh nas urrainn dhuinn a chosg, agus ged a dh'fheumas sinn cuimhneachadh gum feum am Prògram againn a bhith aig prìs a tha a rèir ar comais, tha cothroman a' tighinn an cois gach staing agus sin as coireach gu bheil sinn airson a bhith àrd-amasach ann a bhith a' suidheachadh bhun-stèidhean airson àm ri teachd nas soilleire is nas seasmhaiche dha na coimhearsnachdan againn, gu h-àraid dhan ghinealach as òige.

Tha sinn airson a bhith nar comhairle a tha math air èisteachd – agus tha sinn air ùine a chur seachad a' togail ceangal le coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil na beachdan aca air an nochdadh sna prìomhachasan againn. Bha mi gu sònraichte toilichte a bhith a' faicinn nam postairean a' tighinn a-steach bho sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd, a' riochdachadh dhòchasan, aislingean is àm ri teachd nan daoine òga ann am briathran agus obair-ealain. Tha feadhainn dhiubh air an gabhail a-steach sa Phrògram seo agus foillsichidh sinn na postairean air fad air an làraich-lìn againn.

Tha am feum air coimhearsnachdan, gnothachasan agus comhairle a tha seasmhach is làidir na chuspair a tha a' tighinn am bàrr gu làidir. Tha cothromachd, luach an airgid, com-pàirteachas is co-obrachadh uile nan luachan a tha air cùl mòran de na tha sinn air a bhith a' cluinntinn. Tha daoine ag iarraidh taigheadas air prìs reusanta, àrainneachdan nas glaine, cothrom air còmh-dhail is obraichean, agus deagh chàileachd beatha.

Chuidicheadh an lèirsinn againn de Ghàidhealtachd a tha na h-àite airson lùth ath-nuadhachail cruinneil, a' dèanamh an fheum as fheàrr de na stòrasan nàdarra againn, gus àm ri teachd nas fheàrr is nas soilleire a choileanadh dhuinn uile, leis an tasgadh, na h-obraichean, am bun-structair agus an soirbheachas a thigeadh à seo.

Cha bhi na bliadhnaichean a tha air thoiseach furasta, ach tha sinn a' gealltainn gun obraich sinn còmhla ribh, ris a' choimhearsnachd agaibh, na com-pàirtichean agus na gnothachasan againn airson Gàidhealtachd ri teachd anns a bheil sinn uile airson a bhith a' fuireach.



Dealbh le Peter Jolly



Raymond Bremner
Ceannard Chomhairle na Gàidhealtachd

Ar Gàidhealtachd An-diugh

'S e Comhairle na Gàidhealtachd an t-ùghdarras ionadail as motha san Rìoghachd Aonaichte, le meall-fearainn nas motha na a' Bheilg. Tha an sgìre a' gabhail a-steach 6 eileanan air a bheil daoine a' fuireach, faisg air 7000km de rathaidean, 90 caladh is goireas mara, 199 sgoil agus 14,500 taigh comhairle. Tha Prògram calpa £900M 15-bliadhna aig a' Chomhairle, agus buidseat teachd-a-steach lom de £640M gach bliadhna gus seirbheisean a lìbhrigeadh do 235,430 neach-còmhnaidh agus na mìltean de luchd-tadhail gach bliadhna. (Figearan Samhain 2022).

Tha iomadh neart agus cothrom aig a' Ghàidhealtachd – cultar agus dualchas sgìreil aithnichte; àrainneachd nàdarra gun choimeas; eucoir ìosal; coimhearsnachdan beothail is dearbh-aithnean ionadail làidir; com-pàirteachasan matha poblach is coimhearsnachd agus san roinn shaor-thoileach; gnìomhachasan turasachd, aoigheachd, àiteachais is tuathanachas uisge stèidhichte; agus comas fàs sna h-earrannan as ùire sna h-eaconamaidhean uaine is gorma, lùth ath-nuadhachail, cleachdadh fearainn agus calpa nàdarra.

Ri taobh nam feartan matha seo, feumar aithneachadh gu bheil staing cosgais bith-beò mu choinneimh na dùthcha a tha nas miosa na tha air a bhith ann airson deicheadan. Tha seo a' toirt buaidh air daoine, gnothachasan, seirbheisean poblach agus an treas roinn air feadh na Gàidhealtachd. Tha buaidhean na stainge seo air an dèanamh nas miosa le mòr-ghalar COVID-19 agus na cùisean slàinte is sunnd leantainneach a tha seo air adhbharachadh. Tha sinn cuideachd a' faicinn buaidh Brexit tro bharrachd riaghlaidh, nas lugha saorsa gluasaid agus mì-chinnt mu mhaoineachadh ionadach.

Tha sinn mothachail dha-rìribh mun bhuaidh a tha aig na cùisean seo, an dà chuid air a' Chomhairle agus air na coimhearsnachdan againn. Tha iad air fiosrachadh a chur ri mòran de na prìomhachasan geàrr-ùine gu meadhan-ùine sa phrògram againn fhad 's a tha sinn a' feuchainn ri buaidhean na stainge seo a lùghdachadh far an urrainn dhuinn.

Gabhaidh sinn ath-sgrùdaidhean os làimh sna bliadhnaichean a tha air thoiseach gus dèanamh cinnteach gu bheil na prìomhachasan againn fhathast a' freagairt air feumalachdan na Comhairle agus nan coimhearsnachdan againn.

Trees for oxygen.

No more Littering

nice beaches

clean and no litter.



Ar Gàidhealtachd Ri Teachd

Ged a tha na h-amannan seo dùbhlach, tha Ar Gàidhealtachd Ri Teachd gu mòr a' cumail fòcas air a bhith àrd-amasach airson an ama ri teachd, agus a bhith a' dèanamh an fheum as motha de na cothroman is na stòrasan a th' againn gus càileachd na beatha a leasachadh do dhaoine anns a' Ghàidhealtachd. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic is cumhachd do choimhearsnachdan gus freagairtean ionadail a chomharrachadh agus na stòrasan air fad a tha rim faotainn a chleachdadh le bhith a' toirt a-steach maoinachadh agus taic.

- Tha Ar Gàidhealtachd Ri Teachd mu bhith a' toirt dhaoine còmhla gus sunnd a bhrosnachadh, co-ionannachdan a lùghdachadh agus toraidhean nas fheàrr a libhrigeadh, a leithid buileachadh, le fòcas soilleir air litearrachd agus àireamhachd.
- Tha sinn ag iarraidh coimhearsnachdan làidir is seasmhach a bhios a' dèanamh eadar-dhealachadh math a thaobh beatha nan saoranach againn. Bheir sinn air adhart dòigh-obrach stèidhichte air àite, le fòcas air deagh nàbachdan le cothroman maoinachaidh ionadail a tha ag amas air prìomhachasan ionadail.
- Às aonais dachaighean lùth-èifeachdach a tha so-ruigsinn agus air prìs reusanta, bidh e doirbh do choimhearsnachdan na Gàidhealtachd a bhith seasmhach. Tha Ar Gàidhealtachd Ri Teachd a' gealltainn solar taigheadais a libhrigeadh is a chomasachadh a bheir taic do dh'fheumalachdan nan coimhearsnachdan againn agus a tha a' cur ri fàs eaconamach na sgìre.
- Tha sinn àrd-amasach airson àm ri teachd na h-àrainneachd againn agus tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e ar freagairt do chruaidh-èiginn na gnàth-shìde is an eag-eòlais a luathachadh. Air a cho-thaobhadh ri seo, tha comas mòr ann lùth ath-nuadhachail a leasachadh sa Ghàidhealtachd. Ag obair còmhla ris na com-pàirtichean againn, coimhearsnachdan agus an roinn phrìobhaideach, nì sinn cinnteach gum bi buannachdan maireannach aig a' Ghàidhealtachd bho na stòrasan ath-nuadhachail againn airson ginealaichean ri teachd.
- Feumaidh a' Chomhairle fàs nas làidire is nas seasmhaiche fhad 's a bhios sinn a' frithealadh nan coimhearsnachdan againn sa Ghàidhealtachd. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt air adhart dòigh-obrach shùbailte a thaobh dealbhadh feachd-obrach, a' dèanamh feum nas fheàrr dhen t-so-mhaoin againn, agus a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtichean gus cothroman tasgaidh is maoinachaidh a chomharrachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' buileachadh na cìse turasachd.

Less food waste

no drugs

Recycle

Help homelessness!

Make sure everyone has enough food.

Ar Prìomhachasan Gàidhealach

Tha Toraidhean nam Prìomhachasan Ro-innleachdail againn stèidhichte timcheall air:



Gàidhealtachd Chothromach is Chùramach

Obrachadh còmhla gus càileachd beatha agus cothroman a leasachadh do mhuinntir na Gàidhealtachd.



Coimhearsnachdan Làidir is Seasmhach

Na coimhearsnachdan againn a chuideachadh gu bhith soirbheachail, seasmhach is làidir, a' dèanamh diofar math a thaobh beatha dhaoine.



Dachaighean Gàidhealach So-ruigsinn is Seasmhach

Taighean a thogail gus taic a thoirt do choimhearsnachdan agus fàs eaconamach.



Àrainneachd Ghàidhealach Sheasmhach agus Àite Cruinneil airson Lùth Ath-nuadhachail


Ar freagairt do dh'èiginn na gnàth-shìde is an eag-eòlais a luathachadh. Am feum as fheàrr a dhèanamh de na cothroman ionmhasail is àrainneachdail a tha a' tighinn am bàrr bho chomas mòr lùth ath-nuadhachail na Gàidhealtachd.



Comhairle Làidir is Sheasmhach

Obrachadh le com-pàirtichean gus dèiligeadh ri dùbhlain solarachadh seirbheis le dòigh-obrach dheimhinne a thaobh atharrachadh.

Thug na Builean Ro-innleachdail seo cothrom seachad na prìomhachasan a leanas a chomharrachadh agus chaidh an cur còmhla eadar na trì cuspairean: **Daoine**, **Àite** agus **Eaconamaidh**.



End racism
and gender
inequality

more electric
cars

help
get
Jobs
People
more

Gàidhealtachd Choithromach is Chùramach



Obrachadh còmhla gus càileachd beatha agus cothroman a leasachadh do mhuinntir na Gàidhealtachd.

Daoine

- Leasaich toraidhean a' gabhail a-steach buileachadh, coileanadh agus cinn-uidhe mhatha do chloinn is do dhaoine òga air fad, le fòcas sònraichte air litearrachd, àireamhachd agus an luchd-ionnsachaidh as so-leònte againn.
- Dèilig ri bochdainn chloinne agus cuir air adhart cothrom air taic shochairan.
- Dèan cinnteach à cinn-uidhe mhatha, a' gabhail a-steach Phreantasachdan Ùr-nodha.
- Obraich le com-pàirtichean gus fèin-mhurt a chasg.
- Brosnaich raon farsaing de chleasan spòrs traidiseanta is ùr-nodha agus dòighean-beatha gnìomhach.


Àite

- Cuir air adhart inntrigeadh cothromach tro sheirbheisean co-shuidhichte air feadh na Gàidhealtachd.
- Obraich le com-pàirtichean gus ìrean slàinte inntinn is sunnd a leasachadh am measg dhaoine sna coimhearsnachdan againn.
- Leasaich dòigh-obrach a bheir taic dhan teaghlach iomlan gus dèanamh cinnteach gu bheil teaghlaichean a' fuireach còmhla agus a' soirbheachadh anns na coimhearsnachdan ionadail aca fhèin.
- Obraich le com-pàirtichean gus eadar-theachd tràth a leasachadh agus drugaichean is deoch-làidir a lùghdachadh.


Eaconamaidh

- Comasaich planadh ro-innleachdail spòrs is cultair air feadh na Gàidhealtachd.
- Lean air adhart a' brosnachadh leasachadh cànan is cultair na Gàidhlig.
- Cuir air adhart agus neartaich dualchas agus cultar beairteach na Gàidhealtachd.





Coimhearsnachdan Làidir is Seasmhach



Na coimhearsnachdan againn a chuideachadh gu bhith soirbheachail, seasmhach is làidir – a’ dèanamh diofar math a thaobh beatha dhaoine.

Daoine

- Leasaich còmh dhail phoblach neo-chosgail agus earbsach.
- Lean air adhart ag obrachadh còmhla ri com-pàirtichean gus Sàbhailteachd Rathaid agus Uisge a leasachadh is a chur air adhart.

Àite

- Lean air adhart leis a’ phrògram leudaichte againn airson a bhith a’ leasachadh staid agus obair-ghleidhidh nan rathaidean.
- Leasaich planaichean stèidhichte air àite a tha a’ cumail fòcas air nàbachdan de chàileachd àrd agus a tha a’ stiùireadh chothroman maoinachaidh ionadail gu ruige prìomhachasan ionadail.
- Thoir taic do choimhearsnachdan gus an urrainn do dhaoine a bhith a’ cuideachadh a chèile gu bhith beò gu math agus gu neo-eisimeileach.
- Obraich le com-pàirtichean gus stiùireadh luchd-tadhail a chur air adhart.
- Obraich le coimhearsnachdan is com-pàirtichean gus àiteachan poblach a chumail glan agus sàbhailte.

Eaconamaidh

- Thoir taic do dh’iomairtean Riaghaltasan na h-Alba agus na RA gus dèanamh cinnteach gu bheil comas-ceangail didseatach cho math ‘s a ghabhas thar na sgìre.
- Obraich còmhla ri Riaghaltas na h-Alba gus bun-structair còmh dhalach leasaichte a libhrigeadh air feadh na Gàidhealtachd.
- Brosnaich com-pàirtichean leasachadh eaconamach prìobhaideach is poblach gus dèanamh cinnteach gu bheil a’ Ghàidhealtachd a’ fuireach na sàr cheann-uidhe airson in-thasgadh.
- Obraich le com-pàirtichean gus ro-innleachd a leasachadh airson beairteas coimhearsnachd a thogail.





Dachaighean Gàidhealach So-ruigsinn is Seasmhach



Taighean a thogail gus taic a thoirt do choimhearsnachdan agus fàs eaconamach.

Daoine

- Tog dachaighean matha, so-ruigsinn, air prìs reusanta.
- Solaraidh dachaighean a tha blàth agus lùth-èifeachdach.
- Thoir taic do leasachadh taigheadais de chàileachd àrd air prìs reusanta mar fhreagairt do dh'fheum.
- Thoir taic do dh'fheumalachdan seann ghaigich tro Chùmhnant nam Feachdan Armaichte.

Àite

- Leasaich roghainnean taigheadais a chuidicheas inbhidh sho-leònte agus nas sine cùram fhaighinn faisg air an dachaigh agus air a' choimhearsnachd aca.
- Atharraich so-mhaoinean na Comhairle airson an cleachdadh airson taigheadas.
- Obraich gus dèanamh cinnteach à cothromachadh iomchaidh a thaobh cleachdadh còmhnaidheach, cleasachail is coimeirsealta thogalaichean gus coimhearsnachdan ionadail beothail a chumail suas.


Eaconamaidh

- Obraich le com-pàirtichean gus cothroman taigheadais a leasachadh do phrìomh luchd-obrach gus nach bi seirbheisean poblach seasmhach agus fàs eaconamach air an cuingealachadh air sgàth cion taigheadais.
- Obraich gus dèanamh cinnteach gu bheil lìonraidhean còmh-dhalach so-ruigsinn air an toirt an lùib leasachaidhean taigheadais san àm ri teachd gus am bi cothrom aig daoine faighinn gu obair agus seirbheisean.





Àrainneachd Ghàidhealach Sheasmhach agus Àite Cruinneil airson Lùth Ath-nuadhachail



Ar freagairt do dh'èiginn na gnàth-shìde is an eag-eòlais a luathachadh. Am feum as fheàrr a dhèanamh de na cothroman ionmhasail is àrainneachdail a tha a' tighinn am bàrr bho chomas mòr lùth ath-nuadhachail na Gàidhealtachd.

Daoine


- Cuir air adhart bun-structair siubhail gnìomhach air feadh na Gàidhealtachd.
- Cuir air adhart còmhdhail uaine, a' gabhail a-steach còmhdhail phoblach carboin ìosal agus leasachadh cho-ionadan haidridein air feadh na sgìre.

Àite

- Obraich le coimhearsnachdan gus freagairtean ionadail a lorg agus maoinachadh a thoirt a-steach.
- Cuir luach air, agus dìon, àrainneachd nàdarra na Gàidhealtachd.
- Brosnaich barrachd cleachdaidh a thaobh muir is tìr a tha air an deagh stiùireadh airson nàdar agus airson an dèanamh freagarrach, a' gabhail a-steach eaconamaidh gorm, glacadh carboin, agus ath-shlànachadh mòintich.
- Lùghdaich sgudal a tha air fhàgail agus meudaich ath-chleachdadh, càradh, ath-chuairteachadh is suas-chuairteachadh.
- Coilean na targaidean Neoni Lom againn.

Eaconamaidh

- Taisg ann an cothroman lùth ath-nuadhachail coimeirsealta gus sruthan ionmhais ùra a thogail airson na Comhairle.
- Comharraich agus gabh ri tasgaidhean lùth ath-nuadhachail gus cosgaisean lùth iomlan a lùghdachadh airson na Comhairle.
- Gabh an cothrom a' bhuannachd as fheàrr fhaighinn às na raointean mòra calpa nàdarra a th' againn, gus freagairtean lùth eile a libhrigeadh, a' gabhail a-steach leasachadh lùth grèine, haidridein, uisge agus gaoithe.
- Brosnaich "Eadar-ghluasad Cothromach" le bhith a' gluasad gu eaconamaidh a tha nas seasmhaiche a thaobh na h-àrainneachd, ann an dòigh a tha cothromach dhan a h-uile duine.



Our Future Highland...

Ar Gàidhealtachd Ri Teachd...

More Eco-friendly,
Lots more plants and
trees. Plants in roundabouts
and anywhere else that
they can grow.

Better public transport-buses and trains,
so that people use it more instead
of using their cars. More access to
public transport in rural areas.

Everyone is kind to animals.
More vets to care for injured animals,
but not too big so as not to take
up too much of the animal's land.
- more space for animals.
- more freedom for animals

Better upkeep & maintenance
on local swingparks

Community gardens-free
fruit and veg. Eco-friendly,
healthy and helps with
cost of living crisis. Growing
things locally so they don't
need to be flown from other
countries or transported.

Electric cars to be more
affordable and the charge
to last longer.

Cheaper solar panels so that
more people can afford them.

Everyone is eco-conscious and
people don't waste electricity.

Ban coal fires →
Replace with wood
burners

More emergency
services.

Less use of fuels that
create smoke. Less
greenhouse gases.

Less accidents on the
road.

More support so that
no-one is homeless.

More housing.

Looking at ways to
prevent animal extinction

More activities to do.
Including rollercoasters
and swingparks

Litter-free

Less traffic and
traffic-jams.

Things are cheaper to buy
so everyone can afford what
they need.

No-one is poor.

Bigger schools with more
games and more resources.

No smoking.

Save the bees - more
wildflower meadows

Comhairle Làidir is Sheasmhach



Obrachadh le com-pàirtichean gus dèiligeadh ri dùbhlain solarachadh seirbheis le dòigh-obrach dheimhinne a thaobh atharrachadh.

Daoine

- Fàs agus glèidh an tàlant againn fhèin taobh a-staigh na Comhairle.
- Obraich le com-pàirtichean san roinn phoblaich agus san roinn phrìobhaidich gus cothroman cosnadh a cho-òrdanachadh.
- Leasaich na h-amannan freagairt againn ann a bhith a' freagairt cheistean agus iarrtasan seirbheis bhon phoball.
- Ath-dhealbhaich libhrigeadh seirbheis mar fhreagairt air buidseatan cuingealaichte gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Chomhairle seasmhach.

Àite

- Obraich còmhla ri coimhearsnachdan agus com-pàirtichean gus planaichean àite ionadail a dhèanamh a bhios a' coinneachadh ri feumalachdan choimhearsnachdan.
- Leasaich ro-innleachdan com-pàirteachais stèidhichte air àite gus tasgadh agus fàs ann an àireamhan-sluaigh dùthchail a cho-òrdanachadh.
- Lean air adhart soirbheachas na Comhairle ann a bhith a' tarraing maoineachadh bun-structair turasachd dùthchail airson leasachaidhean a thoirt seachad a thaobh bun-structair ionadail.
- Luathaich libhrigeadh na dòigh-obrach Stiùireadh So-mhaoin againn gus èifeachdas a mheudachadh agus cosgaisean a bharrachd is buaidh carboin a lùghdachadh.

Eaconamaidh

- Cuir air adhart agus thoir taic do chothroman leasachaidh gnothachais tro Shlighe Gnothachais agus Tasgadh Cothrom na Gàidhealtachd Earranta.
- Leudaich bunait teachd-a-steach na Comhairle tro chìseachas agus tro bhith a' libhrigeadh barrachd sheirbheisean coimeirsealta Luach an Airgid.
- Builich cìs na turasachd gus an urrainnear àiteachan a dhèanamh beothail is tarraingeach do luchd-tadhair.





Seo agaibh dealbh dhen phostair againn (tha e a' coimhead sgoinneil ann an da-riribh!). 'S e 'Ar Sluagh, Buille-cridhe na Gàidhealtachd' an t-ainm a th' air a' phios. Chaidh mapa na cruinne, leis a' Ghàidhealtachd air a' dèanamh mòr sa mheadhan, a chruthachadh leis na sgoilearan againn ann an clasaichean na cloinne bige. Bha còmhraidh an uair sin aig gach clas agus chaidh na thuirt na clasaichean is na sgoilearan a chlàradh air Padlet air-loidhne. An uair sin sgrìobh UNIKids (buidheann-fòcais Sgoiltean a' Toirt Urram do Chòraichean) againn na beachd-smuaintean uile a-mach le làimh mar fhaclan, sheantansan is abairtean air a' phostair. Tha mi air dealbhannan a cheangal a' sealltainn feadhainn de na sgoilearan a bha ag obair air a' phios...

Chòrd an dùbhlán glan ris an luchd-obrach is ris na sgoilearan againn agus bhrosnaich e còmhraidhean cudromach mu 'Ar Gàidhealtachd'.

Audrey Kellacher, Ceannard
Bun-Sgoil Loch Àrdail

